


ÙIREAN NAN CROITEAN

Ciamar a bhios ùirean air an cruthachadh?

Gus tuigse fhaighinn air na h-ùirean againn, feumaidh sinn ionnsachadh ciamar a bhios iad air an dèanamh.

Bidh còig rudan ag eadar-obrachadh gus ùir a chruthachadh:



1. Stuth tùsail

Tha feartan ùire, me meud nan gràinnean agus ceimigeach, a' tighinn bhon stuth tùsail. Ma dh'fhaoidte gur e bun-chreag a th' ann, gainmheach no eabar bho eigh-shruthan no aibhnichean.

Tha eileamaidean ann an creagan a tha feumail do lusan airson fàs, me potasium (K), aluimium (Al), iarann (Fe) agus mangaineis (Mn). Nuair a bhios creagan air an caitheamh leis an t-sìde, bidh na h-eileamaidean sin a' dol ma sgaoil san ùir a th' air a chruthachadh às ùr. Tha am mapa a' sealltainn pàtran nan creagan ann an Alba. Canaidh sinn 'geo-iomadachd' ris na tha ann de chreagan eadar-dhealaichte.

2. Gnàth-shìde

Bidh a' ghnàth-shìde a' toirt buaidh air cruthachadh ùire a thaobh teòthachd agus taiseachd. Reothaidh teòthachdan fìor ìosal an ùir agus cuiridh seo stad air leasachadh, agus bidh teòthachdan fìor àrd a' cur maill air cruthachadh ùire. Nuair as e gnàth-shìde eadar-mheadhanach a th' ann (tlàth agus mar as trice nas fliuiche) tha e nas freagarraiche airson leasachadh ùire.

Ma dh'fhàsas ùir ro fhliuch, bidh mathachadh air eadar-sgaoileadh agus air a shìoladh gu domhainn a-steach dha na fillidhean ùire as isle.

ÙIR

3. Eòlas cruth-tìre

Seo an t-eòlas mu chruth an t-saoghail. Tha seo a' gabhail a-steach àirde, caisead agus sealladh-aghaidh. Faodaidh ùir gluasad sìos bruthach cas; bidh mòine ga chruthachadh ann an lagan eu-domhainn, fliuch. Bidh àirde a' toirt buaidh air teòthachd. Mar as trice bidh beanntan nas fionnaire na sgìrean ìosal ri taobh a' chladaich. Bidh beanntan àrda a' cuideachadh le cruthachadh sgòthan, agus bidh mar sin barrachd silidh ann. Seo pàirt dhen adhbhar gu bheil cuid dhe na Sgìrean Croitearachd cho fliuch.

Ann an àiteachan ìosal, bidh an ùir nas doimhne na ann an àiteachan àrda, agus mar as trice, mar as caise am bruthach, 's ann as taine an ùir.

4. Biota (Nithean bith-eòlasach)

'S e eag-shiostam iongantach a th' ann an ùir airson mòran lusan, bhiastagan agus bhitheagan. Bidh fàs-bheairtean mòra mar bhoiteagan a' toirt a-steach stuth organaig faisg air uachdar na h-ùire agus an uair sin a' cladhach sìos, a' leigeil stuth organaig a-mach aig an aon àm. Leigidh seo beathachadh bhon stuth organaig dhan ùir, me naitridean (N) agus carbon (C). Bidh meanbh-fhàs-bheairtean (bacteria agus fungasan) a' briseadh sìos stuth organaig a thig dhan ùir. Bidh lusan a' toirt buaidh air cruthachadh ùire cuideachd. Mar eisimpleir, bidh duilleach searbhagach bho choilltean craobh-giuthais a' cruthachadh ùir shearbhagach, ach bidh duilleach bho chraobhan seargach ag àrdachadh ìre pH, agus a' dèanamh ùir a tha nas torraiche.

5. Ùine

Tha ùine a dhìth gus ùir a chruthachadh. Bidh stuth tùsail a' caitheamh mar a bhios na ràithean agus na teòthachdan ag atharrachadh. Bidh cruth-tìre na Talmhainn ag atharrachadh, le beanntan air an togail agus bleith a' tachairt. Tachraidh bleith thairis air milleanan bhliadhnan no gu h-obann ann an stoirm. Tha e a' toirt ùine mus suidhich micro-fhàs-bheairtean agus lusan iad fhèin ann an ùir, agus mus tòisich iad ga measgachadh.

Tha na feartan sin uile ag obrachadh còmhla gus ùir a chruthachadh. Mar sin, tha an seòrsa ùire a tha ann an àite an crochadh air measgachadh de dhiofar fhactaran. Tha ùirean gu math eadar-dhealaichte ann an Alba; tha còrr is 1000 seòrsa ùire air a chlàradh.

AN ROBH
FIOS AGAD?

Tha a' mhòr-chuid de dh'ùirean na h-Alba òg, 's e sin nas lugha na 10,000 bliadhna a dh'aois; tha cuid de dh'ùirean sna Tropaigean milleanan bliadhna a dh'aois

AN ROBH
FIOS AGAD?

Tha barrachd micro-fhàs-bheairtean ann an spàin ùire na tha de dhaoine air an Talamh.



Bidh daoine a' toirt buaidh air ùirean cuideachd ann an diofar dhòighean, me le bhith a' cur stuth organaig riutha agus le treabhadh